



Comhairle Pheairt is Cheann Rois Plana Cànan Gàidhlig 2023-28

Clàr chuspair

Chaidh plana cànanain Comhairle Pheairt & Cheann Rois
ullachadh fo Earrainn 3 de dh'Àchd Gàidhlig (Alba) 2005

Clàr Chuspair

Ro-ràdh
Eachdraidh agus Cruth
Earrann A: Co-theacsa
Mar a bha
Mar a tha
Mar a bhitheas
Earrann B: Trì colbhan na Gàidhlig
A' cleachdadh Gàidhlig
Ag ionnsachadh Gàidhlig
A' brosnachadh Gàidhlig
Earrann C: A' cur an gnìomh agus a' cumail sùil air adhartas
Fiosrachadh bho ...
Pàipear-taic A: Fiosrachadh a thaobh àireamh luchd-bruidhinn Gàidhlig ann am Peairt agus Ceann Rois
Pàipear-taic B: Fiosrachadh a thaobh àireamhan foghlam Gàidhlig ann am Peairt agus Ceann Rois (ri chuir ann)
Pàipear-taic C: Fiosrachadh a thaobh àireamhan sgilean Gàidhlig ann am Peairt agus Ceann Rois (ri chuir ann)

Ro-ràdh

Tha sinn toilichte a bhith a' cur air adhart an treas Plana Cànan Gàidhlig aig Comhairle Pheairt & Cheann Rois mar theisteanas air ar dìlseachd a thaobh cànan agus cultar na Gàidhlig nar coimhearsnachdan san àm ri teachd.

A rèir amasan Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig, tha sinn air dreach-phlana cuimseach a tha ruith thar chòig bliadhna (2023-2028) a dhealbh a tha mìneachadh ghnìomhan ro-innleachdail a bheir sinn gu buil gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh nar sgìrean.

Tha sinn mothachail air cho cudromach 's a tha Gàidhlig dhar n-eachdraidh, ar dualchas, ar cultar làitheil, agus tha ar Plana Gàidhlig a' cur taic ri agus a' brosnachadh nan codaichean sin.

Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig sìor dhèanamh adhartais ann am Baile mòr Pheairt agus ann an Gàidhealtachd Pheairt, tha Mòd Siorrachd Pheairt agus Sgìre Aonghais na thachartas cudromach agus tha tachartas ùr, Fèis Thatha, sìor leudachadh.

Tha soirbheachadh a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail, a chaidh a chumail ann am Peairt anns an Dàmhair 2022, na dhearbhadh air dìlseachd Comhairle Pheairt agus Chinn Rois, buidhnean com-pàirteachaidh, agus muinntir na coimhearsnachd gus Gàidhlig ath-bheothachadh anns an roinn.

Tha ar Plana Cànan Gàidhlig ag amas air dìleab a' Mhòid a chleachdadh mar bhun-stèidh agus mar mhisneachadh gu tuilleadh fàis, a' brosnachadh barrachd cleachdaidh, ionnsachaidh agus leasachadh cultarach na Gàidhlig.

An Comhairliche Grant Laing

Ceannard na Comhairle

An Comhairliche Iain Duff

Tosgaire na Gàidhlig

Eachdraidh agus Cruth

A' Cruthachadh Plana Cànan Gàidhlig

Tha Achd Gàidhlig (Alba) 2005, a chaidh a cur an gnìomh le Pàrlamaid na h-Alba, a' daingneachadh ìnbhe na Gàidhlig mar chànan oifeigeil ann an Alba, a' dleasadh urraim co-ionnan ri Beurla.

Tha an Achd a' moladh cleachdadh na Gàidhlig ann am beatha phoblach air feadh Alba, a' brosnachadh dhaoine gu bhith ga cleachdadh barrachd san dachaigh, coimhearsnachdan, ionadan foghlaim, agus àiteachan-obrach.

'S e pàirt chudromach de dh'Achd 2005 gu bheil cumhachd aig Bòrd na Gàidhlig, am buidheann nàiseanta airson Gàidhlig, iarraidh air buidhnean poblach Planaichean Cànan Gàidhlig a dhealbh. Tha am buidheann a' dèanamh measadh air dè cho freagarrach 's a tha planaichean agus dè cho èifeachdach 's a thathas ann a bhith gan cur an gnìomh.

Prionnsabal co-ionnanachd urraim

Tha prionnsabal co-ionnanachd urraim, a bha stèidhichte ann an Achd 2005 le Pàrlamaid na h-Alba, a' dearbhadh luach na Gàidhlig 's cho cudromach 's a thathas ga meas. Tha e ag aithneachadh gu bheil luchd-labhairt na Gàidhlig a' miannachadh a bhith cleachdadh a' chànan mar phàirt de beatha làitheil agus iad a' cur cuideam air mar a tha feum air deagh-ghean do Ghàidhlig bho air feadh Alba. A rèir molaidhean Bhòrd na Gàidhlig, chan eil a bhith a' toirt an aon urram do Ghàidhlig a' ciallachadh gum feumar dèiligeadh ri Beurla agus Gàidhlig ann an dòigh a tha gu tur co-ionnan, 's cha motha na sin a tha e a' ciallachadh gum feum ìre shònraichte de Ghàidhlig a bhith air a libhrigeadh anns a h-uile suidheachadh. An àite sin, tha e a' brosnachadh bhuidhnean poblach gu bhith taiceil agus cuideachail do leasachaidhean Gàidhlig, ag atharrachadh an cuid Phlanaichean Cànan Gàidhlig gus ìre iomchaidh de chleachdadh Gàidhlig a dhèanamh comasach a rèir an suidhichidhean fa leth agus an suidheachadh eachdraidheil cànan sa bheil iad.

Cruth a' Phlana

Tha trì earrannan anns a' Phlana:

- **Earrann A: Co-theacsa** – A' toirt iomraidh air dealbhachadh a' Phlana, an treas Plana Cànan Gàidhlig aig Comhairle Pheairt & Cheann Rois. Tha e toirt luaidh air uallaichidhean na buidhne agus ìnbhe na Gàidhlig san sgìre gu h-eachdraidheil agus san latha an-diugh.

- **Earrann B: Trì colbhan na Gàidhlig** – A' cur a-mach ghealltanasan ro-innleachdail agus gnìomhan coileanaidh Chomhairle Pheairt agus Cheann Rois a rèir phrìomhachasan Plana Nàiseanta Cànan Gàidhlig. Tha e a' toirt cunntas air ar pàirt ann a bhith cur a' Phlana Nàiseanta an gnìomh, a' libhrigeadh sheirbheisean poblach co-cheangailte ri Gàidhlig, agus ar gealltanas gun tèid spèis a thoirt dhan Phlana seo nuair a bhithear a' cruthachadh agus a' cur phoileasaidhean agus ro-innleachdan ùra an gnìomh.

- **Earrann C: A' cur an gnìomh agus a' cumail sùil air adhartas** – A' toirt beachd air mar a chuireas



sinn am Plana Cànan Gàidhlig an gnìomh agus na ceumannan a ghabhas sinn gus adhartas a thomhas.

Earrann A: Co-theacsa

Mar on de na 32 ùghdarras ionadail Albannach, tha Comhairle Pheairt & Cheann Rois moiteil às mar a tha i a' cumail raon farsaing de sheirbheisean poblach ri àireamh sluaigh a tha a' fàs gu luath tarsainn air a' chòigeamh sgìre as motha a thaobh farsaingeachd tìre ann an Alba. Tha Gàidhlig air dhòigh air choireigin a' nochdadh ann am mòran de na seirbheisean sin a tha gabhail a-steach, foghlam, seirbheisean chloinne, seirbheisean didseatach agus teicneòlas, leasachadh gnìomhachais, planadh agus com-pàirteachadh coimhearsnachd, a thuilleadh air cur-seachad agus cultar. Tha Peairt agus Ceann Rois stèidhichte an teis-mheadhan Alba 's tha e a' còmhach mu 5,286 cilemeatair ceàrnach de sgìre mhòr, mheasgaichte le mu 146,652 neach a' fuireach ann a rèir cunntas-sluaigh 2011 a chaidh ùrachadh ann an 2015.

Tha sinn air a bhith dealasach a thaobh Gàidhlig mar chànan agus a cultar bho chionn fhada, a' toirt aire dhan àite shònraichte a th' aca nar dualchas, fèin-aithne nàiseanta agus ionadail, agus cur is dlùth ar cultar. Tha dual-chainnt agus cleachdaidhean sònraichte an Siorrachd Pheairt 's bha a' Ghàidhlig mar chànan làitheil aig 13% den t-sluagh suas gu deireadh na 19mh linne deug.

Tha an treas Plana Cànan Gàidhlig, a chaidh a chruthachadh a rèir mholaidhean Achd Cànan Gàidhlig (Alba) 2005 agus a tha ag amaladh Plana Nàiseanta Cànan Gàidhlig agus Stiùireadh Bòrd na Gàidhlig air Cruthachadh Phlanaichean Cànan Gàidhlig, a' mìneachadh nam prìomh amasan do Pheairt agus Ceann Rois:

- Cleachdadh na Gàidhlig a dhèanamh nas bitheanta nar coimhearsnachdan, nar seirbheisean poblach, agus nar sgoiltean.
- Cothroman a chruthachadh do luchd-obrach, muinntir na coimhearsnachd, clann agus daoine òga gus Gàidhlig ionnsachadh ann an diofar dhòighean, a' dèanamh cinnteach gum bi i ri cluinntinn gu beòthail ann am Peairt agus Ceann Rois.
- Ag àrdachadh inbhe na Gàidhlig 's mothachadh dhaoine air a' chànan agus a cultar, a' cur luach air Gàidhlig mar ghoireas prìseil dar coimhearsnachd 's dar n-ùghdarras agus a' dèanamh cinnteach gu bheil i ri faicinn agus gu bheilear a' cur meas oirre.

Tha am plana a' mìneachadh mar a dh'fhigheas sinn Gàidhlig a-steach do dhòighean-obrach agus do sheirbheisean poblach, conaltradh le prìomh chom-pàirtichean, 's mar a bhios sinn dha-rìribh a' brosnachadh agus a' leasachadh Gàidhlig san sgìre.

Mar a bha..

Tha sinn moiteil gun robh a' Ghàidhlig cho bitheanta ann an Siorrachd Pheairt aig aon uair 's gum b' i am prìomh chànan. Gu h-eachdraidheil bhithist a' cleachdadh na h-abairt "bho Hiort gu Peairt" gus dearbhadh gun robh Siorrachd Pheairt na pàirt den Ghàidhealtachd (an raon de dh'Alba san robhas a' bruidhinn na Gàidhlig). Bha a' Ghàidhlig air a bruidhinn gu bitheanta an Gàidhealtachd Pheairt no Garbh Chrìochan Pheairt gu meadhan na 20mh linne, le còrr air 60% den t-sluagh gan ainmeachadh fhèin mar luchd-labhairt ann an 1881 nuair a bha ceist mun chànan anns a' chunntas-sluaigh airson a' chiad uair.

Bha daoine ainmeil leithid Ban-rìgh Bhictòria agus Diùc Athaill a' cur taic làidir ris a' Ghàidhlig, an aghaidh bheachdan agus phoileasaidhean bhuidhnean foghlam poblaich. A dh'aindeoin sin, chrìon an cànan gu luath às dèidh an Dara Cogaidh, 's chaochail am fear mu dheireadh a bha fileanta ann an dual-chainnt Siorrachd Pheairt ann an 1991.

Tha ath-nuadhachadh air tighinn air a' chànan le taic bho phrògraman foghlam Gàidhlig agus ionnsachadh inbheach, agus tha gluasad dhaoine bho phàirtean eile de dh'Alba air luchd-labhairt Gàidhlig a thoirt a Pheairt agus Ceann Rois. Tha oidhirpean gus crìonadh a' chànan a stad agus a leasachadh a' gabhail àite air feadh Alba, 's anns an roinn againn mar an ceudna.



Mar a tha....

An-dràsta, tha àireamh luchd-làbhairt ann am Peairt agus Ceann Rois nas ìsle nan àireamh àbhaisteach nàiseanta, dùbhlann anns a bheil sinn deònach a dhol an sàs. Dh'innis cunntas-sluaigh 2011 gun robh 2,169 de luchd-labhairt na Gàidhlig san roinn (1.5% den t-sluagh), an taca ri 87,100 (1.7%) ann an Alba gu lèir.

Tha ath-nuadhachadh air tighinn air Gàidhlig thairis air na deich bliadhna a chaidh air sgàth deagh cho-obrachadh eadar Comhairle Pheairt & Cheann Rois agus buidhnean eile. Tha fàs air tighinn air foghlam Gàidhlig agus prògraman ionnsachadh inbhich. Bidh Mòd sgìreil ionadail ann an Obar Pheallaidh gach bliadhna, 's tha còisir Gàidhlig soirbheachail aig Bràghad Albainn. Tha buidheann ciùil traidiseanta aig Acadamaidh Bhàghaid Albainn de bheil iad pròiseil agus chaidh Còisir Gàidhlig Pheairt ath-stèidheachadh le taic bhuaithne. Tha Fèis Thatha a' sìor fhàs 's a' tairgse iomadh seòrsa tachartas is cur-seachad. Tha buidhnean eile leithid Comunn Gàidhlig Pheairt agus roinn ionadail a' Chomuinn Ghàidhealaich a' cur ri leasachadh na Gàidhlig.

Chaidh am Mòd Nàiseanta Rìoghail, aig am bithear a' dèanamh luaidh air a' Ghàidhlig 's a cultar gach bliadhna, a chumail san roinn againn ann an 2022. Thàlaidh an tachartas seo còrr air 7,500 neach-turais chun a' bhaile agus chuir e còrr air £2.5 millean ris an eaconamaidh ionadail. Thathas an dòchas togail air an dìleab seo agus am Mòd a thoirt air ais a Pheairt agus Ceann Rois a dh'aithghearr.

Ann a bhith a' cruthachadh an treas Plana Cànan Gàidhlig, tha sinn ag amas air targaidean a' Phlana Cànan Nàiseanta a choileanadh, rùintean ar coimhearsnachd Gàidhlig, luchd poileasaidh agus foghlaim a riochdachadh agus a bhith a' cur ri Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba.

Gàidhlig ann am Foghlam

Tha Foghlam Gàidhlig ann am Peairt agus Ceann Rois, a' tòiseachadh le sgoiltean-àraich ann am Baile Pheairt agus Obar Pheallaidh a tha a' toirt tòiseach tòiseachaidh anns a' chànan don chloinn aois 0-5. Tha goireasan Foghlam Tràth Bhliadhnaichean agus Cùram-chloinne aig Acadamaidh Bhràghad Albainn agus Goodlyburn agus Ionad Chloinne Bige Baile Pheairt (COPECC) a' libhrigeadh 1140 uairean Foghlam Tràth Bhliadhnaichean agus Cùram-chloinne. Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig air a bhith ri fhaotainn aig Bun-sgoil Ghoodlyburn bho 1993 agus Acadamaidh Bhràghad Albainn bho 2011, 's iad ag amas air fileantachd ann an Gàidhlig agus Beurla aig deireadh Prìomh 7.

Tha an sgeama Gàidhlig anns a' bhun-sgoil (GLPS) a' libhrigeadh sheiseanan Gàidhlig gach seachdain ann an sgoiltean Gàidhealtachd Pheairt do chòrr air 600 sgoilear gach bliadhna. Tha sgoiltean eile ann am Peairt agus Ceann Rois air tòiseachadh a' libhrigeadh GLPS cuideachd.

Ann am foghlam aig àrd-sgoile tha Acadamaidh Pheairt agus Acadamaidh Bhràghad Albainn a' tabhann Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) agus Gàidhlig (Fileantaich) mar chuspairean. Faodaidh sgoilearan bho na ceithir àrd-sgoiltean ann am Baile Pheairt Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) aig ìre teisteanais a ghabhail tro Arainn Baile Pheairt (PCC).



Tha clasaichean inbheach gan ruith, aghaidh-ri-aghaidh no aig astar, do mhuinntir na coimhearsnachd agus luchd-obrach Pheairt & Cheann Rois aig a bheil ùidh a' Ghàidhlig ionnsachadh.

Gàidhlig anns a' Choimhearsnachd

Tha iomairtean coimhearsnachd a' cur taic ri làthaireachd na Gàidhlig ann am Peairt agus Ceann Rois. Bidh Comunn Gàidhlig Pheairt, a chaidh a stèidheachadh ann an 1880, a' cur air adhart cèilidh mìosail agus tachartasan foghlaim. Bidh cruinnichidhean neo-fhoirmeil ann am Peairt aig am bi fileantaich agus luchd-ionnsachaidh. Bidh leabharlainn air feadh Pheairt agus Cheann Rois a' cumail sheiseanan Bookbug Gàidhlig. Bidh Comann nam Pàrant Obar Pheallaidh agus Comann nam Pàrant Pheairt a' cur taic làidir ri agus a' brosnachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus Foghlam Gàidhlig. Bidh buidhnean cràbhaidh bho air feadh na sgìre a' cur taic luachmhor ri cleachdadh na Gàidhlig tro sheirbheisean agus cheanglaichean coimhearsnachd.

Na h-Ealain, Cultar, Dualchas agus Turasachd

Bidh tachartasan cultarail agus fèisean a' dèanamh luaidh air a' Ghàidhlig ann am Peairt agus Ceann Rois.

Bidh Mòd Siorrachd Pheairt agus Aonghais a th' air a chur air dòigh le roinn Obar Pheallaidh san Sgìre den Chomunn Ghàidhealach a' toirt chòisirean agus luchd-com-pàirt leithid Còisir Gàidhlig Obar Pheallaidh agus Guthan Pheairt gu chèile.

Bidh tachartasan ciùil, ealain agus litreachais sa Ghàidhlig a' gabhail àite ann an àiteachan mar Talla Consairt Pheairt, Institiuid Bhraonain, agus Taigh Cluich Fèis Bhaile Chloichridh. Thill am Mòd Nàiseanta Rìoghail a Pheairt ann an 2022, an deicheadh turas a bha am baile na mheadhan airson prìomh fhèis Ghàidhlig Alba.

Mar a bhitheas.....

A' fàilteachadh na Gàidhlig

Tha am plana seo air a dhealbh gus buannachdan na Gàidhlig a thoirt gu aire dhaoine, ga dleasadh mar rud luachmhor a bheir buannachdan eaconamach, àrainneachd, cànan agus cultarail na lùib. A thuilleadh air a sin, tha a' Ghàidhlig a' cur ri slàinte agus fallaineachd ar sgìre anns a bheil freumhan domhainn a thaobh Gàidhlig agus cultar.

Conaltradh èifeachdach ris a' mhòr-shluagh agus taobh staigh ar buidhne

Le bhith cleachdadh Gàidhlig airson a bhith fàilteachadh a' phobail thathas a' cruthachadh àrainneachd a tha misneachadh dhaoine gus Gàidhlig a bhruidhinn. Tha e a' togail inbhe a' chànain, a' cruthachadh shuidhichidhean practaigeach airson a cleachdadh agus a' brosnachadh a' phobail gus an cànan a chur gu feum an ath thuras a bhios iad a' dèiligeadh ri ùghdarras poblach.

Tha sinn ag amas air a' Ghàidhlig fhighie a-steach do dh'ìomhaigh chorporra an ùghdarras agus soighnichean. Chan e a-mhàin gum bi barrachd Gàidhlig ri faicinn le seo ach togaidh e a h-inbhe. Tha sinn a' brosnachadh dhaoine òga agus buill na coimhearsnachd gus uair a bhith aca nam fèin-aithne Ghàidhlig agus luach a chur air buannachdan dà-chànanas.

Gàidhlig san treas deichead den 21mh linn

Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e Gàidhlig a leasachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil i freagarrach airson gach adhbhar iomchaidh. Tro leasachadh cànan aig ìre corpais, tha sinn ag amas air dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig a' fàs agus ag atharrachadh gus cothachadh ri adhartasan teicneòlais agus atharrachaidhean ann an dòighean beatha.

Tha sinn a' faicinn Gàidhlig na rud prìseil a tha a' cur ri beatha dhaoine fa leth, coimhearsnachdan, gnìomhachasan agus fèin-aithne Cridhe na h-Alba. Tha sinn airson 's gum fàs i tron eaconomaidh agus tron àrainneachd ann an dòigh sheasmhach fhad 's a tha sinn a' dèanamh cinnteach gun lean i oirre a' tighinn air adhart mar chànan agus mar rud air leth prìseil.

Earrann B: Trì Colbhan Gàidhlig

Ar Plana Cànan Gàidhlig: Na Trì Colbhan

Tha ar Plana Cànan Gàidhlig stèidhichte air **Cleachdadh na Gàidhlig, Ionnsachadh na Gàidhlig agus Brosnachadh na Gàidhlig.**

Tha gach colbh a' riochdachadh pàirt dheatamach de ar n-oidhirp gus taic agus seasmhachd a thoirt dhan Ghàidhlig san ùghdarras agus anns na coimhearsnachdan. Tha sinn a' cur romhainn gum bi a' Ghàidhlig a' soirbheachadh agus luach agus meas ga chur oirre air feadh ar roinne.

A' cleachdadh na Gàidhlig

Tha sinn a' tuigsinn gum feum àireamh nan daoine a tha a' bruidhinn agus a' cleachdadh na Gàidhlig a dhol am meud ma tha i gu bhith seasmhach san àm ri teachd. Tha sinn ag amas air barrachd dhaoine a mhisneachadh gus Gàidhlig a chleachdadh gu toileach nam beatha làitheil.

Nar coimhearsnachdan, tha sinn a' cur romhainn:

- Piseach a thoirt air buidhnean Gàidhlig agus cultar a tha a' ruith no a' tòiseachadh le bhith craobh-sgaoileadh na tha iad a' dèanamh
- Co-obrachadh le buidhnean co-phàirteachaidh gus cothroman ionnsachaidh Gàidhlig a leasachadh
- Spionnadh a thoirt do chleachdadh na Gàidhlig tro thachartasan ciùil, cultarail agus cànan ann an co-phàirt ri buidhnean ionadail
- Ionadan Coimhearsnachd Gàidhlig a chur air chois ann am Baile Pheairt agus Gàidhealtachd Pheairt gus cleachdadh na Gàidhlig ann an seirbheisean agus tachartasan brosnachaidh a phiobrachadh
- Taic a chur ri comataidh Mòd Ionadail Siorrachd Pheairt & Sgìre Aonghais le cuideachadh riatanach
- Taic a chur ri leudachadh Fèis Thatha agus cumail a' dol le sanasachd airson an tachartais
- Beachdachadh air Mòd sgìreil eile a chur air chois ann am Peairt agus Ceann Rois
- Co-obrachadh le Comunn na Gàidhlig, Fèisean nan Gàidheal, An Comunn Gàidhealach, agus buidhnean leasachaidh Gàidhlig eile gus dèanamh cìnnteach gu bheil cothroman matha gu leòr ann gus Gàidhlig a chleachdadh
- Inneas a dhèanamh air cho feumail 's a tha taic don Ghàidhlig bho bhuidhnean agus roinnean eile leithid creideamh, spòrs agus gnìomhachas.

Ann an Gnìomhachas agus Leasachadh Aite:

- Cleachdaidh sinn rannsachadh a tha a' daingneachadh buaidh na Gàidhlig air eaconamaidh Alba airson planaichean.
- Mìnichidh sinn feumalachd eaconamaigeach na Gàidhlig don choimhearsnachd ionadail 's do ghnìomhachasan.
- Cuiridh sinn ri goireasan luchd-turais le bhith a' tairgse barrachd a thaobh dualchas agus cultar na Gàidhlig.

Ann an Co-luadar, bidh sinn:

- A' cur fàilte air teachdaireachdan anns a' Ghàidhlig agus ag oidhirpeachadh ri freagairt anns a' Ghàidhlig.
- A' tairgse sheirbheisean fàilteachaidh agus fòn anns a' Ghàidhlig ma tha luchd-obrach a tha comasach rim faotainn

- A’ sgaoileadh bhrathan-naidheachd agus fiosrachadh poblach cudromach ann an Gàidhlig agus Beurla
- A’ sgaoileadh stuthan Gàidhlig tro na meadhanan-sòisealta
- A’ toirt piseach air stuthan Gàidhlig air an eadar-lìon
- A’ clò-bhualadh stuthan ann an Gàidhlig agus Beurla, a’ toirt prìomhachas do bhuidh agus teachdaireachd
- A’ toirt àite dhan Ghàidhlig ann an coinneamhan agus am broinn na Comhairle nuair is e a’ Ghàidhlig am prìomh chuspair
- A’ cur fàilte ann an Gàidhlig aig tachartasan catharra no eile mar a tha iomchaidh.

A’ leantainn le bhith a’ leasachadh cànan corpais, bidh sinn:

- A’ cleachdadh Gàidhlig aig àrd ìre ach a tha furasta a’ tuigsinn anns gach fiosrachadh clò-bhuailte no a thèid a cho-roinn
- A’ leantainn nan riaghailtean as ùire a thaobh Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig (GOC) nar stuthan sgrìobhte
- A’ sireadh comhairle bho Ainmean-Àite na h-Alba airson soighnichean agus co-obrachadh coimhearsnachd.

Ann an Soidhnichean agus Comharran-aithne bidh sinn:

- A’ gabhail ri suaicheantas agus comharra-aithne dà-chànanach, le co-ionannachd dhan dà chànan anns an teachdaireachdean
- A’ cur Gàidhlig agus Beurla air soidhnichean far a bheil e iomchaidh, a’ beachdachadh air leasachadh lèirsinneachd aig àm ùrachaidh
- A’ cur shoidhnichean fàilteachaidh le Gàidhlig air toglaichean ùra no sgeadaichte Comhairle Pheairt & Cheann Rois
- A’ cleachdadh shoidhnichean dà-chànanach nuair a thèid clàir le ainmean bhailtean / chlachain ùrachadh no atharrachadh
- A’ cur prògram de shoidhnichean dà-chànanach an sàs, a’ tòiseachadh le sgoiltean a tha tabhann Gàidhlig.

Ann na h-Ealain, Cultar agus Dualchas, bidh sinn:

- A’ cumail thaisbeanaidhean poblach dà-chànanach no tron Ghàidhlig nas trice, ’s a’ toirt prìomhachas do dh’àrdachadh buaidh
- A’ cleachdadh Gàidhlig anns an Talla Baile a th’ air a h-ùr sgeadachadh agus a’ co-obrachadh air pròiseactan co-cheangailte ri Clach Sgàin agus le buidhnean eile bhon taobh a-muigh (ALEOan)
- Ag ath-nuadhachadh phròiseactan sgeulachd, beul-aithris, dualchas ionadail agus cultarail a tha a’ togail cheanglaichean ris an àite agus ris a’ choimhearsnachd.

Ann an Leasachadh Eagrachaidh, bidh sinn:

- A' brosnachadh luchd-obrach gu bhith cleachdadh Gàidhlig nan dreuchdan
- A' cleachdadh teachdaireachd choitcheann, dà-chànanach air puist-d airson ainm-sgrìobhte agus freagairt 'A-mach às an oifis'
- A' toirt stiùireadh do luchd-obrach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig ann an coinneamhan iomchaidh.

Ag Ionnsachadh Gàidhlig

Tha sinn ag amas air slighean eadar-dhealaichte a chruthachadh don luchd-obrach, muinntir na coimhearsnachd agus daoine òga agus am pàrantan gus Gàidhlig ionnsachadh agus dèanamh cinnteach gu bheil an cànan a' soirbheachadh ann am Peairt agus Ceann Rois.

Bidh feum air gu leòr de luchd-labhairt Gàidhlig le sgilean cànan airson na tha de chothroman obrach agus puist fhalamh anns na sgiobaidhean againne agus gnìomhachasan eile agus gus cothachadh ri na bhios ag èirigh de dh'iarntasan airson dhaoine le Gàidhlig ann an suidhichidhean neo-fhoirmeil agus coimhearsnachd.

Ann am Foghlam, bidh sinn:

- A' cur taic ri leasachadh ro-innleachdail Tràth Ionnsachadh Gàidhlig agus Cùram Chloinne (Sgoil Àraich) an co-chòrdadh ris an t-seirbheis Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a th' againn a-cheana.
- A' cumail an àirde an dà Chròileagan agus Bookbug Ghàidhlig, dà uair san t-seachdain ann am Baile Pheairt agus Obar Pheallaidh, a' moladh leantainneachd a-steach do Thràth Bhliadhnaichean Gàidhlig.
- A' cur cheistean mu thràth ionnsachadh Gàidhlig agus cùram chloinne dhan cho-chomhairleachadh reachdail le pàrantan. Cumaidh co-chomhairleachadh le pàrantan fiosrachadh ri fàs seasmhach nan Cròileagan, agus fastadh luchd-obrach airson nan tràth bhliadhnaichean ann am foghlam Gàidhlig.
- A' cur air dòigh foghlam tràth bhliadhnaichean ann am Baile Pheairt agus Obar Pheallaidh 's a' co-òrdanachadh le Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig gus slighe rèidh a dhealbh do theaghlaichean.
- A' dealbh ro-innleachd brosnachaidh gus àireamhan ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig àrdachadh a rèir iarntais agus nan goireasan a tha rim faotainn.
- A' dearbhadh gu bheil deagh ionnsachadh agus teagaisg aig gach ìre de fhoghlam Gàidhlig, a' freagairt air feumalachdan a h-uile neach-ionnsachaidh.
- A' misneachadh Àrd-sgoiltean le foghlam Gàidhlig gus plana leasachaidh bliadhnaile agus aithisg adhartais co-cheangailte rim planaichean slatan-tomhais agus càileachd a sgrìobhadh a-rèir stiùireadh nàiseanta.
- A' rannsachadh dhòighean air na tha de chuspairean air an teagaisg tro Ghàidhlig anns an Fhoghlam Fharsaing Choitcheann (BGE) agus aig ceann àrd na sgoile ann an àrd-sgoiltean.
- A' cur taic ri Cànan Gàidhlig sa Bhun-sgoil (GLPS) ann an Cànanan 1+2, a' tabhann slighe do luchd-ionnsachaidh Gàidhlig anns an àrd-sgoil, a' gabhail a-steach roghainnean L2 no L3 airson cuid de bhuidhnean luchd-stiùiridh, agus a' leantainn air adhart le seo tro Fhoghlam Farsaing Coitcheann na h-àrd-sgoile agus Luchd-Ionnsachaidh Gàidhlig aig ceann shuas na sgoile.
- A' leudachadh tairgse Gàidhlig aig ìrean L2 no L3 ann am barrachd sgoiltean.

- A’ toirt piseach air libhrigeadh Cànan Gàidhlig sa Bhun-sgoil (GLPS) tro threànadh do luchd-teagaisg agus cothroman leasachaidh.
- A’ leasachadh Pròiseact Àrd-sgoiltean an A9 gus piseach a thoirt air foghlam Gàidhlig san àrd-sgoil tro sgoilearan a bhith co-obrachadh len co-aoisean.
- A’ neartachadh teagaisg curraicealaim air-loidhne airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus Foghlam Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh aig ìre bun-sgoile agus àrd-sgoile.
- A’ cruthachadh prògram de thachartasan a bheir misneachd do luchd-ionnsachaidh annta fhèin, uaill nan cuid Gàidhlig agus sgilean cosnadh.
- A’ moladh gun cùm clann a thàinig tro Fhoghlam Gàidhlig sa bhun-sgoil a’ dol le eileamaidean den curraicealam, ’s gu h-àraidh litearrachd agus Gàidhlig.
- A’ toirt luchd-ionnsachaidh ann am Foghlam Gàidhlig a-steach air dealbhadh a’ churraicealaim, feallsanachd, àrainneachd na sgoile, agus cothroman soirbheachaidh farsaing, gan dèanamh nan tosgairean dhan Ghàidhlig.
- A’ filleadh fheumalachdan chloinne a tha anns san sgoil “s a’ fàgail na sgoile fo chùram a-steach do phoileasaidh Comhairle Pheairt & Cheann Rois.
- A’ coimhead air na sgìrean-frithealaidh a th’ ann airson sgoiltean a tha a’ tabhann Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.
- A’ toirt gu buil slat-thomhais choitcheann airson àireamh luchd-obrach airson foghlam Gàidhlig a’ gabhail a-steach teagaisg agus luchd-obrach aon-inbhe, fiosrachadh mu sgilean agus tàlant, comasan stiùiridh, agus dòighean fastaidh agus gleidhidh, a’ brosnachadh dhòighean air ‘an luchd-obrach againn fhèin fhàs’ agus a bhith ag obair ann am compàirteachas le Perth UHI a’ rèir maoinachadh agus daoine a tha freagarrach.
- A’ leasachadh chomasan stiùiridh am measg luchd-teagaisg na Gàidhlig ann am Peairt agus Ceann Rois, ag amas gu h-àraidh air na tràth-bhliadhnaichean, bun-sgoil, agus ìrean na h-àrd-sgoile, a’ cur cuideam air cruthachadh agus leasachadh a’ churraicealaim.
- A’ cruthachadh aithisg a chuireas ri poileasaidhean foghlaim a rèir ar dleastanasan reachdail agus an Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig.
- A’ leantainn mholaidhean Foghlam Alba airson Foghlam Gàidhlig agus Stiùireadh Reachdail bho Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig le bhith a’ cruthachadh ro-innleachd airson adhartas leantainneach, dòighean gluasaid eadar ìrean, feallsanachd sgoiltean, co-obrachadh le pàrantan agus ceannardas.

Ann an Leasachadh Eagrachaidh, bidh sinn:

- Ag obair còmhla ri buidhnean eile, buidhnean bhon taobh a-muigh (ALEO) agus buidhnean planaigh coimhearsnachd le planaichean Gàidhlig, gus taic a chur ri dòighean obrach agus dleastanasan coitcheann.
- A’ leasachadh chomasan an luchd-obrach le bhith a’ fastadh gus piseach a thoirt air na tha ag obair tro Ghàidhlig anns an sgìre.

- Ag àrdachadh àireamh preantasan-ùra, ceumnaichean le ceum, agus meantoran saor-thoileach a tha deònach a dhol an sàs ann an Gàidhlig.

Cuiridh sinn cothroman ionnsachaidh air dòigh do:

- Luchd-obrach Pheairt agus Cheann-Rois a bhuannaicheadh bho cothrom a bhith aca an cuid obrach a dhèanamh tro Ghàidhlig.
- Luchd-obrach Pheairt agus Cheann-Rois leis am bu toil a bhith ag obair tro Ghàidhlig.
- Luchd-obrach Pheairt agus Cheann-Rois leis am bu toil Gàidhlig ionnsachadh air sgàth ùidh no thargaidean pearsanta.
- Buill de chòisirean ionadail, buidhnean ionadail le ùidh anns a' Ghàidhlig, buill Comunn Gàidhlig Pheairt, Mòd Ionadail Sgìre Obar Pheallaidh agus Fèis Thatha.
- Pàrantan chloinne agus dhaoine òga ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, Cròileagain no a tha a' gabhail cothrom air Gàidhlig anns na tràth-bhliadhnaichean.
- Buill coimhearsnachd a tha airson Gàidhlig ionnsachadh airson adhbharan pearsanta no obrach agus a dheigheadh an sàs ann an obair anns a' choimhearsnachd Ghàidhlig tro thìde.
- Sgoilearan aig ceann shuas na h-àrd-sgoile, 's iadsan a tha air a bhith Fo Chùram.
- Daoine òga a tha airson Gàidhlig ionnsachadh agus 's mathaid slighe obrach a leantainn gu foghlam aig àrd-ìre no obair anns a' Ghàidhlig.

Airson ionnsachadh san dachaigh, bidh sinn:

- A' misneachadh teaghlaichean gu bhith ag ionnsachadh còmhla tro iomairtean le buidheannan mar Foghlam Alba, Comann nam Pàrant agus Stòrlann.
- A' brosnachadh dhaoine gu bhith cleachdadh ghoireasan Gàidhlig ioma-mheadhain agus air loidhne leithid SpeakGaelic, LearnGaelic, GoGaelic, Gaelic for Parents, Duolingo, and eile.
- Ag obair còmhla ri buidhnean phàrant ionadail agus nàiseanta, mar Comunn nam Pàrant, gus taic a chur ri teaghlaichean gus Gàidhlig ionnsachadh san dachaigh.
- A' cruthachadh stuthan leithid gheamaichean agus stuthan foghlaim, gus am bi a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig san dachaigh nàdarach, taitneach agus taiceil do Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.
- A' toirt prìomhachais do bhith co-obrachadh le teaghlaichean gus ionnsachadh san dachaigh a leasachadh a rèir rannsachaidh agus deagh chleachdaidh.
- A' toirt aire do rannsachadh agus fianais gus teaghlaichean a chuideachadh gus barrachd Gàidhlig a chleachdadh san dachaigh, gu h-àraidh nuair a tha an cuid chloinne ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

Ann an Gnìomhachas agus Leasachadh Àite, bidh sinn:

A' leudachadh sheirbheisean ionnsachaidh do dh' inbhich agus do theaghlaichean co-cheangailte ri cruth-tìre Gàidhlig Cheann-Rois, le bhith cruthachadh ghoireasan ionnsachaidh subailte agus stiùireadh a thaobh a' bhlàir-a-muigh mar slighean coiseachd digiteach.

- A' tabhann trèanaidh do luchd-stiùiridh agus daoine a tha ag obair gu saor thoileach ann am foghlam a' bhlàir-a-muigh agus turais coiseachd a tha stèidhichte air ar n-àrainneachd Ghàidhlig.
- A' filleadh Gàidhlig a-steach do dh'fhiosrachadh mu chruth na tìre, ag obrachadh còmhla ri buidhnean eile gus dèanamh cinnteach gum bi e ri fhaotainn airson slighean coiseachd agus àiteachan poblach.
- A' brosnachadh slàinte cuirp agus falainneachd inntinn tro bhith dèanamh rudan air a' bhlàir-a-muigh, a' misneachadh dhaoine gu bhith rannsachadh na dùthcha agus bailtean anns a bheil tòrr ri ionnsachadh a thaobh dualchas na Gàidhlig.

A' brosnachadh Gàidhlig

Brosnaichidh sinn daoine gu bhith cleachdadh Gàidhlig le bhith ga dèanamh nas fhollaisiche agus àrdaichidh a h-inbhe le bhith ga cleachdadh mar phàirt de bheatha làitheil nar sgìre. Cruthaichidh sinn iomhaigh nas tarraingiche do Ghàidhlig agus àite nas cudromaiche dhi ann am beatha chultarach Alba, a' dèanamh cinnteach gum bi i a' fàs nas treasa san àm ri teachd.

Ann an Co-luadar, bidh sinn:

- A' cur fàilte air teachdaireachdan bhon phobal ann an Gàidhlig gu cunbhalach.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil daoine mothachail air seirbheisean poblach leithid fòn agus fàilteachaidh a tha rim faotainn tron Ghàidhlig

Le Teaghlaichean, bidh sinn:

- A' brosnachadh ionnsachadh Gàidhlig am measg chloinne, dhaoine òga agus theaghlaichean le bhith toirt a h-uile goireas agus adhbhar a tha a' cur taic ri bith ag ionnsachadh Gàidhlig gun aire.

Ann am Foghlam, bidh sinn:

- A' moladh agus a co-roinn obair bhuidhnean leithid Stòrlann, Sabhal Mòr Ostaig, e-Sgoil, Fèisean nan Gàidheal, Comann nam Pàrant, agus buidhnean nàiseanta a tha an urra ri Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus Gàidhlig Luchd-Ionnsachaidh agus a tha a' cur taic ri luchd-teagaisg, daoine òga agus pàrantan.
- A' cur eòlais air rannsachadh mu leasachadh Gàidhlig a thaobh adhartais, atharraichidhean agus chothroman.
- A' sanasachd gu bheil Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ri fhaotainn tro na meadhanan ionadail agus air ar làrach-lìn.
- A' cur air dòigh seiseanan fiosrachaidh do phàrantan a tha airson an cuid chloinne a chur tro Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, 's a' toirt comhairle a thaobh roghainnean.
- A' cruthachadh àrainneachd thaiceil, ion-ghabhailta don Ghàidhlig ann an coimhearsnachdan sgoile, 's a' misneachadh chloinne agus dhaoine òga.

Ann an Leasachadh Eagrachaidh agus Planadh Luchd-Obraich, bidh sinn:

- A' brosnachadh shlighean obrach a tha a' cur luach air sgilean Gàidhlig agus a' toirt aire dhaoine gu preantasachd, prògraman trèanaidh agus slighean obrach ann an Gàidhlig gus cothroman obrach ann an Gàidhlig a leudachadh.
- A' co-obrachadh le buidhnean eile gus tachartasan a tha foillseachadh slighean obrach Gàidhlig a thaisbeanadh.

- A’ fighe fiosrachaidh mu Phlana Cànan Gàidhlig na Comhairle agus cothroman trèanaidh a-steach do thrèanadh-inntrigidh airson luchd-obrach ùr.
- A’ toirt aithne do sgilean Gàidhlig ann an dòighean fastaidh tarsainn air an ùghdaras.
- A’ filleadh Gàidhlig a-steach mar sgil fheumail no riatanach ann an cunntasan obrach a tha a’ buntainn ri lìbhrigeadh a’ Phlana Cànan Gàidhlig.
- A’ dèanamh sgrùdadh cunbhalach air sgilean Gàidhlig agus feumalachdan a thaobh trèanaidh.
- A’ tabhann sheiseanan fiosrachaidh mun Ghàidhlig do luchd-obrach aig àrd ìre, daoine a tha dèanamh cho-dhùnaidhean agus luchd-obrach a th’ air beulaibh an t-sluaigh.
- A’ dearbhadh co-ionannachd airson Gàidhlig no Beurla ann an seirbheisean agus goireasan, a’ brosnachadh sheirbheisean Gàidhlig.

Ann an Coimhearsnachdan, bidh sinn:

- A’ cur taic ri bhith stèidheachadh bhuidhnean coimhearsnachd agus lìonraidhean aig a bheil ùidh ann an soirbheachadh na Gàidhlig.
- A’ co-obrachadh gus iomain a thoirt air ais gu coimhearsnachdan Pheairt agus Cheann Rois.
- A’ brosnachadh dhaoine gus a dhol an sàs ann an tachartasan nàiseanta agus ionadail a bhuineas do Ghàidhlig.
- A’ moladh Chròileagan agus Bookbug Gàidhlig don h-uile teaghlach le clann fo aois còig bliadhna.
- A’ cruthachadh Foram Coimhearsnachd Gàidhlig Pheairt agus Cheann Rois.
- A’ dèanamh Gàidhlig nas fhollaisiche nar coimhearsnachdan.
- A’ deanamh cinnteach gu bheil neach-labhairt Gàidhlig airson gnothaichean comhairle.

Ann an Leasachadh Gnìomhachais agus Àite, bidh sinn:

- A’ brosnachadh phròiseactan a tha a’ cur taic ris cleachdadh na Gàidhlig agus a’ toirt misneachd do luchd-cleachdaidh.
- A’ moladh roi-innleachd Turasachd Gàidhlig VisitScotland le luchd co-phàirteachaidh ann am Comhairle Pheairt agus Cheann Rois.
- A’ dealbh agus a’ sgaoileadh ghoireasan digiteach Gàidhlig.
- A’ co-obrachadh le gnìomhachas turasachd gus tuigse fhaighinn air far a bheilear a’ cleachdadh Gàidhlig an-dràsta agus far an gabhadh sin leudachadh.
- A’ cruthachadh stiùiridh do ghnìomhachasan ionadail mu bhuannachdan na Gàidhlig.
- A’ cur air bhog prògram de sheiseanan airson luchd-turais agus luchd-obrach aigheachd gus piseach a thoirt air am mothachadh air Gàidhlig .
- A’ filleadh Gàidhlig agus cultar ann an tachartasan cultarach comhairle mar a bhios iomchaidh.
- Gàidhlig a bhrosnachadh mar ghoireas eaconomaigeach ann an gnìomhachas, iomairtean sòisealta agus anns an ùghdarras ionadail. Bidh sinn a’ toirt aire shònraichte do thurasachd

culturach, gnìomhachas a' bhìdhe 's na dibhe agus dòighean seasmhach air talamh agus cumhachd ath-nuadhachail a riaghladh.

Ann an Ealain, Cultar agus Dualchas, bidh sinn:

- A' co-obrachadh le Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail gus leasachadh a thoirt air na h-ealain Ghàidhlig agus cultar.
- Ag amas air FilmG a chumail ann am Peairt
- A' comharrachadh chothroman airson turasachd Gàidhlig ann an sgìre Pheairt agus Cheann Rois.
- A' co-obrachadh le buidhnean ealain ionadail gus prògram bliadhnail de thachartasan ealain Gàidhlig a thoirt gu chèile.
- A' dealbh stuthan sanasachd dà-chànanach airson tachartasan anns a bheil cleachdaidhean, eachdraidh no cultar Gàidhlig a' nochdadh.

Le Com-pàirtichean, bidh sinn:

- A' conaltradh ri ùghdarasan poblach eile le planaichean Gàidhlig gus lìonradh co-obrachaidh airson amasan agus dleasdanasan coitcheann a stèidheachadh.
- A' co-roinn deagh chleachdaidhean Comhairle Pheairt agus Cheann Rois a thaobh Gàidhlig aig foraman nàiseanta.
- Ag ath-stèidheachadh Buidheann Ionadail Gàidhlig an Taoibh Shear gus co-roinn a dhèanamh air goireasan, deagh chleachdadh agus obrachadh còmhla air amasan coitcheann.

Ann a bhith a' cur a' phlana and gnìomh 's a' cumail sùil air adhartas, bidh sinn:

- A' stèidheachadh Buidhean Gnìomh Plana na Gàidhlig maireannach le riochdairean aig àrd ìre bho gach roinn den Chomhairle.

Earrann C: A' cur an gnìomh agus a' cumail sùil

Clàr-ùine

Bidh am Plana Gàidhlig seo air a chleachdadh airson còig bliadhna bho 2023 gus an tèid plana ùr a chruthachadh.

Co-roinn a' phlana

Thèid ar Plana Cànan Gàidhlig a sgaoileadh air ar làrach-lìn ann an Gàidhlig agus Beurla, 's bidh leth-bhreacan rim faotainn aig ar n-oifisean poblach agus leabharlann ionadail. Thèid leth-bhreacan a sgaoileadh gu buidhnean bhon taobh a-muigh (ALEO), buidhnean planaidh coimhearsnachd, cùmhnatairean, buidhnean Gàidhlig agus daoine eile aig a bheil ùidh 's a' chùis. Bidh am plana ri fhaighinn air eadar-lìon na comhairle dhan luchd-obrach agus thèid seo a shanasachd anns na pàipearan naidheachd agus meadhanan sòisealta nuair a thèid a chur air bhog.

Dòighean rianachd airson ar Plana Gàidhlig a chur an gnìomh:

Aon uair 's gun tèid am Plana aontachadh leis an sgioba stiùiridh, Buill Comhairle Pheairt & Cheann Rois, Ministirean Alba agus Bòrd na Gàidhlig, bidh e na phoileasaidh oifigeil aig comhairle Pheairt agus Cheann Rois. Bidh coilionadh amasan a' phlana an urra ri Ceannard Roi-innleachd Foghlaim agus Ionnsachaidh, le fiosrachadh cunbhalach ga thoirt do ar coimhearsnachdan agus luchd-obrach mun adhartas leis a' phlana Ghàidhlig.

Maoineachadh airson ar plana

Thèid am maoineachadh a tha riatanach airson a' phlana seo a thoirt à buidseatan àbhaisteach Siorrachd Pheairt agus Cheann Rois. Bidh sinn cuideachd a' sireadh taic-airgid bho bhuidhnean eile leithid Bòrd na Gàidhlig agus Tabhartasan Sònraichte airson Foghlam Gàidhlig bho Riaghaltas na h-Alba.

A' cur ar plana an gnìomh agus a' cumail sùil:

Tha ar treas plana Gàidhlig a' ruith bho 2023 gu 2028. Coinnichidh Buidheann Stiùiridh Gàidhlig, air am bi riochdairean bho sheirbheisean comhairle eadar-dhealaichte, gach cairteal gus gnìomhan a thoirt gu chèile, sùil a chumail air adhartas agus measadh a dhèanamh air mar a tha am plana ga chur an gnìomh. Bidh sinn a' sireadh bheachdan bho luchd-ceannaich, buidhnean leis a bheil sinn a' co-obrachadh agus duine sam bith aig a bheil ùidh sa chùis gus breith a thoirt air ar n-adhartas.

Thèid sùil a chumail air lìbhrigeadh a' phlana tro phròiseas roi-innleachd planaidh Plana Buidseat agus Seirbheis agus ar n-Aithisgean Coilionaidh Bliadhnail. Bithear a' cumail sùil le:

- Coinneamhan Buidheann Stiùiridh Gàidhlig gach cairteal

- Co-obrachadh le comhairlichean le uallach airson na Gàidhlig
- Aithisgean bliadhnail chun na Comhairle
- Aithisgean gu foraman ionadail Gàidhlig
- Aithisg dà uair sa bhliadhna don Bhuidheann Stiùiridh agus Ceannardan Roi-innleachd na Comhairle.
- Aithisg bhliadhnail do Bhòrd na Gàidhlig
- Fiosrachadh bho shuirbhidhean, ceisteachain agus measaidhean air cùrsaichean
- Measaidhean bhon taobh a-muigh

Ag obrachadh còmhla ri co-phàirtichean agus buidhnean bhon taobh a-muigh:

Tha Comhairle Pheairt agus Cheann Rois ag aithneachadh cho cudromach 's a tha obair-phàirt gus adhartas a dhèanamh leis a' phlana seo nar coimhearsnachdan agus nas fharsainge. Leanaidh sinn oirnn ag obair còmhla ri buidhnean ionadail agus nàiseanta gus cothroman co-cheangailte ri Gàidhlig a bhrosnachadh ann am Peairt agus Ceann Rois.

Am measg cho-phàirtichean tha Cultar Pheairt & Cheann Rois, Colaisde Pheairt UHI, Ealain Horsecross, Taigh-dhealbh Birks, PKAVS, Live Active Leisure, agus na buidhnean coimhearsnachd ionadail a chaidh ainmeachadh anns a phlana seo.

Aig ìre nàiseanta, obraichidh sinn còmhla ri VisitScotland, Àrainneachd Eachdraidheil Alba, Dualchas Nàdar na h-Alba, agus Sgìlean Leasachaidh Alba agus cleachdaidh sinn ar ceanglaichean ionadail le co-obraichean planaidh coimhearsnachd.

Tha sinn cuideachd an dùil obrachadh còmhla ri buidhnean Gàidhlig nàiseanta mar Bhòrd na Gàidhlig, An Comunn Gàidhealach, Comunn na Gàidhlig, Fèisean nan Gàidheal, agus MG ALBA.

A thuilleadh air a sin, bidh sinn a' sìreadh cleamhnais ri ùghdarasan ionadail eile le bhith:

- A' gabhail pàirt ann an Lìonradh Gàidhlig nan Ùghdarasan Ionadail (GLAN) agus Buidheann Ath-shùil Leasachadh Ionnsachaidh agus Coimhearsnachd airson Gàidhlig.
- A' dol an luib lìonradh roinneil an Taoibh Shear a tha gabhail a-steach Comhairle Fhìobha, Comhairle Baile Dhun Dè, Comhairle Aonghais agus Comhairle Baile Obar Dheathain.



Airson fiosrachaidh

Uallach ro-innleachd

'S e ann an t-Ard Oifigear ris a bheil lèir shealladh air deasachadh, lìbhrigeadh agus sgrùdadh adhartais air Plana Gàidhlig Pheairt & Cheann Rois an urra:

Ceannard Roi-innleachd Foghlaim agus Ionnsachaidh
Seirbheisean Foghlaim & Chloinne
Comhairle Pheairt & Cheann Rois
2 Sràid Ard
Peairt
PH1 5PH
Fòn: 01738 475000

Gnìomhan latha-gu-latha

Airson fiosrachadh mu bhith cur a' phlana an gnìomh bho latha-gu-latha, cuir fios gu:

Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig
Seirbheisean Foghlaim & Chloinne
Comhairle Pheairt & Cheann Rois
2 Sràid Ard
Peairt
PH1 5PH

Post-d: gaelic@pkc.gov.uk

Pàipear-taic A: Fiosrachadh a thaobh àireamh luchd-bruidhinn Gàidhlig ann am Peairt agus Ceann Rois

Luchd labhairt na Gàidhlig ann am Peairt agus Ceann Rois: Data àireamhail

B' e Cunntas-sluaigh Alba ann an 2001 a' chiad thè a dh' fhaighneachd mu chomas dhaoine fa leth air Gàidhlig a thuigsinn, a' cur ris na ceistean a bh' ann mu labhairt, leughadh agus sgrìobhadh na Gàidhlig a cheana. Thog an cunntas-sluaigh suidheachadh toinnte dhan Ghàidhlig le ìsleachadh de 7,300 ann an luchd-labhairt na Gàidhlig anns na naoidheadan. Bha e a' sealltainn crìonaidh anns na h-àiteachan far am b' àbhaist dhan Ghàidhlig a bhith làidir, gu h-àraidh anns na h-Eileanan Siar, ach fàs ann an iomadh ceàrn eile de dh' Alba agus am measg òigridh. Gu h-inntinneach, bha mu 430 a bharrachd de chloinn, eadar còig agus naoi, comasach air Gàidhlig a bhruidhinn ann an 2001 na bha ann an 1991. Dh'fhàs àireamh luchd-leughaidh na Gàidhlig mu 3,200 agus àireamh nam feadhainn aig an robh comas sgrìobhaidh mu 3,100, a' sealltainn gur mathaid gu bheil gluasad ann bho Ghàidhlig a bhith na cànan a bhithist a' bruidhinn a-mhàin gu tè a tha air a labhairt, a leughadh agus air a sgrìobhadh.

Fiosrachadh breanachail bho chunntas-sluaigh 2001:

- Bha comas gu ìre air choireigin aig 92,400 duine air leth, aois trì no còrr (mu 1.9% den t-sluaigh) ann an Gàidhlig.
- Thuit earrann nan daoine a bha bruidhinn Gàidhlig bho 1.4% gu 1.34% den t-sluaigh eadar 1991 agus 2002, leis an àireamh ag èirigh beagan anns a' bhuidheann fo aois 18.
- Thuit àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig 11% bho 1991 ach dh'fhàs àireamh luchd-leughaidh 7.5%.
- Thuigeadh 26,700 duine Gàidhlig ri h-èisteachd ach cha b'urrainn dhaibh a leughadh, a sgrìobhadh no a labhairt.
- Bha 63% den feadhainn a thuit gun robh na h-uidhir de chomas aca ann an Gàidhlig a' bruidhinn Gàidhlig.
- Bha ìrean teisteanas foghlaim na b' àirde am measg dhaoine a bha fileanta anns a' Ghàidhlig an coimeas riutha-san nach robh.
- Thàinig àrdachadh air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig anns na prìomh àiteachan Gàidhealach, a' gabhail a-steach Pheairt agus Cheann Rois, gu h-àraidh am measg chloinne eadar aois 5-9.
- Bha 2,696 duine cloinne ann an teaghlaichean far an robh an dithis phàrant a' bruidhinn Gàidhlig, agus bha 70% den chloinn sin nan luchd-labhairt.

Sgìre Rianachd Pheairt agus Cheann Rois – Sgaradh a-rèir modh 2001 agus 2011:


	2001	2011
Àireamh le sgìlean Gàidhlig	2,480 (1.9%)	2,169 (1.5%)

Daoine a bhruidhneas Gàidhlig	1,453 (1.1%)	1,287 (0.9%)
Daoine a leughas Gàidhlig	1,166 (0.9%)	938 (0.7%)
Daoine a sgrìobhas Gàidhlig	853 (0.7%)	678 (0.5%)
Daoine a thuigeas Gàidhlig	753 (0.6%)	681 (0.5%)

Ann an 2011, bha 2,169 neach aois trì no còrr ann am Peairt agus Ceann Rois (1.5% den t-sluagh) le sgilean Gàidhlig air choreigin an taca ri 2,480 (1.9%) ann an 2001. Tha seo a’ sealltainn lughdachadh de 311 duine (13%) anns an àireamh le sgilean Gàidhlig eadar 2001 and 2011.

Tha na h-àireamhan sin a’ riochdachadh an t-sluaigh gu lèir (a h-uile neach os cionn 3) ann an Sgìre Rianachd Pheairt & Cheann Rois, a bha aig 130,802 ann an 2001 agus a dh’fhàs gu 142,277 ann an 2011.

Nòta: Tha na h-àireamhan stèidhichte air Cunntas-sluaigh 2011 bho Chlàran Nàiseanta Alba.





Ward

- Understands but does not speak, read or write Gaelic
- Speaks but does not read or write Gaelic
- Reads but does not speak or write Gaelic
- Perth and Kinross average
- Has some Gaelic ability
- Speaks, reads and writes Gaelic
- Speaks and reads but does not write Gaelic
- Other combination of skills in Gaelic

**Gaelic language ability by ward (2011 Census)
as a percentage of ward population**

